

[OFFICIAL]

ANNUAL REPORT AND ACCOUNTS 2024-25 - CHAIR'S FOREWORD (GAIDHLIG)

1.1 Facal bhon Chathraiche

Tha e na thoileachas dhomh Aithisg Bhliadhnail WICS airson 2024-25 a chur fa ur comhair, agus seo an ceathramh bliadhna dhen ùine riaghlaidh sa bheil sinn ag obair an-dràsta. San aithisg seo chithear fios air an adhartas a rinn sinn ann a bhith a' neartachadh na buidhne, a' cur ri ar frèam-riaghlaidh, agus ann a bhith a' coileanadh ar prìomh dhleastanasan.

Leis an adhartas seo, tha sinn a' sealltainn mar a tha sinn a' coileanadh ar dleastanasan cudromach gus dìon a chur air leas an luchd-chleachdaidh agus gus dèanamh cinnteach gun tèid seirbheisean uisge a thoirt seachad ann an Alba ann an dòigh èifeachdach agus le cosgais cho beag 's as urrainnear.

A'beachdachadh air na choilean sinn

Am-bliadhna, dh'fhoillsich sinn ar modhan-obrach airson Ath-sgrùdadh Ro-innleachdail air Prìsean (SRC27), a bhios a' stèidheachadh ìrean ionmhais agus prìsean do luchd-cleachdaidh airson seirbheisean uisge agus òtrachais eadar 2027 agus 2033. Tha ar dòighean-obrach soilleir agus stèidhichte air amasan sònraichte agus sinn ag amas air luach an airgid a ghleidheadh do luchd-cleachdaidh thar na h-ùine fada. Le leasachaidhean a thaobh mar a nithear measadh air builean, nithear cinnteach gun tèid measadh èifeachdach a dhèanamh air prìomhachasan – leithid càileachd nan seirbheisean, prìsean reusanta, agus ìrean coileanaidh a thaobh na h-àrainneachd – san ùine eadar 2027-33.

Tha sinn, tro ar dòighean-obrach, a' cur prìomhachas air luchd-cleachdaidh. Am-bliadhna, dh'aontaich sinn Meòrachan Tuigse le Uisge na h-Alba agus Luchd-cleachdaidh Alba, agus le sin chaidh modhan-obrach foirmeil a stèidheachadh a thaobh mar a dh'fhaodas luchd-cleachdaidh buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean riaghlaidh agus mar thoradh air sin nithear cinnteach gun toirear prìomhachas do na beachdan aca an lùib chùisean a tha a' toirt buaidh orra.

Tha sinn air a' mhargaidh reic airson luchd-cleachdaidh nach eil ann an dachaigh a neartachadh le bhith ag obair le Luchd-cleachdaidh Alba agus Uisge na h-Alba gus Còd Obrach ùr a dhealbhadh. Tha sin a' cur barrachd dìona air gnothachasan, buidhnean-carthannais, agus buidhnean poblach agus a' ciallachadh gu bheil iad a' cur barrachd earbsa sna seirbheisean a gheibh iad.

Tha na rudan sin uile a' dearbhadh mar a tha e mar amas dhuinn a bhith ag obair a chum maith a' phobaill agus sinn a' coileanadh nam builean as cudromaiche do ar luchd-cleachdaidh.

Dùbhlain is cothroman

Chaidh atharraichean nach beag a dhèanamh air WICS mar bhuidhinn am-bliadhna. Mar thoradh air aithisg an Àrd Neach-Sgrùdaidh fo Earrainn 22 air Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan WICS airson 2022-23, tha sinn air tòrr obrach a dhèanamh gus ar rianan ionmhasail, modhan-riaghlaidh agus modhan-stiùiridh a neartachadh. Leis na h-atharraichean seo, thathar air WICS a stèidheachadh mar bhuidhinn nas buadhmhoire is nas èifeachdaiche agus e mar amas dhuinn luach an airgid a ghleidheadh agus gum bi am poball a' cur earbsa nar n-obair.

Thug sinn cruth-atharrachadh air ar sgioba-stiùiridh, le àrd sgioba-stiùiridh nas lugha a tha nas cunntachail. Chaidh airgead nach beag a shàbhaladh le sin, agus tha e cuideachd a' ciallachadh gum b' urrainn dhuinn barrachd a choileanadh air feadh na buidhne.

Cuideachd, le bhith a’ cleachdadh sheirbheisean co-roinnte chuidich sin sinn gu bhith nas èifeachdaiche nar n-obair, agus sinn a’ cleachdadh fhrèamaichean-solarachaidh Riaghaltas na h-Alba airson seirbheisean proifeiseanta eadar-amail, IT agus seirbheisean taice eile. Chaidh prìomh dhleastanasan obrach, leithid a’ stèidheachadh mhodhan-obrach airson SRC27, a choileanadh taobh a-staigh na buidhne, agus sin a’ cur ri comasan na buidhne fhèin agus a’ lùghdachadh chosgaisean airson seirbheisean proifeiseanta. Rinneadh ath-sgrùdadh air cùmhnanntan is bun-structair IT agus mar thoradh air sin chaidh cosgaisean a lùghdachadh gu mòr fhad ’s a bha sinn a’ dèanamh cinnteach gun robh ìrean seirbheis freagarrach agus seasmhach fhathast ann. Cuideachd, rinn sinn sgrùdadh air èifeachdas a’ Bhùird airson dèanamh cinnteach gum bi buill a’ faighinn taic leis an obair aca agus iad a’ dèanamh mion-sgrùdadh air agus a’ toirt stiùir bhuadhmhor do dh’obair na buidhne. Chaidh obair nam ball a neartachadh tro fhrèam-riaghlaidh leasaichte agus sgeama tiomnaidh ùr. Tha na leasachaidhean seo – agus na rinn sinn gus cuideachadh le sgrùdadh neo-eisimeileach Riaghaltas na h-Alba, obair na Comataidh Sgrùdaidh Poblach (PAC), agus sgrùdaidhean na pàrlamaid – air ar buidheann a dhèanamh nas fosgailte agus nas cunntachail, agus tha iad air cuideachadh leis an amas againn, gum bi sinn ag ionnsachadh bho na thachair agus gum bi sinn deiseil airson na thachras.

Cho cudromach ’s a tha an obair againn

Tha e air a bhith gu buannachd na h-Alba gu bheil Uisge na h-Alba fo shealbh a’ phobaill, air a ruith air stèidh choimeirsealta, agus ag obair fo mhodhan-riaghlaidh eaconamach teann. Mar bhuidhinn-riaghlaidh eaconamaich neo-eisimeilich, bidh sinn a’ dèanamh obair glè chudromach ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gum bi Uisge na h-Alba a’ faighinn luach freagarrach às an airgead aca do mhuinntir na h-Alba. Le bhith a’ dèanamh sgrùdadh is aithris air cosgaisean is ìrean coileanaidh, a’ stèidheachadh amasan soilleir, agus a’ dèanamh cinnteach gu bheil an companaidh cunntachail, nì sinn cinnteach gum bi Uisge na h-Alba ag obair gu h-èifeachdach, gu seasmhach, agus daonnan a chum maith luchd-cleachdaidh na h-Alba.

Sùil air thoiseach

Fhad ’s a bhios sinn a’ dèanamh sgrùdadh air plana gnothachais Uisge na h-Alba agus a’ coileanadh ar n-amasan airson 2027-33, bidh e mar phrìomhachas dhuinn dèanamh cinnteach gum bithear fhathast a’ gabhail ealla ri luchd-cleachdaidh an lùib nan co-dhùnaidhean a nithear. Cumaidh sinn oirnn a’ dèanamh co-chonaltradh gu cunbhalach ri luchd-ùidhe airson dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhachas uisge na h-Alba deiseil airson aghaidh a chur ri dùbhlain san latha an-diugh agus san àm ri teachd.

Le leasachaidhean san roinn san fharsaingeachd, leithid sgrùdadh neo-eisimeileach Coimisean an Uisge ann an Sasainn agus sa Chuimrigh, tha cothroman ann gus rudan ionnsachadh agus piseach a thoirt air ar dòighean-obrach ann an Alba. Bidh sinne, còmhla ri ar luchd-compàirt sa ghnìomhachas, a’ beachdachadh air na ghabhas ionnsachadh bho na toraidhean seo a chuidicheas sinn le bhith a’ neartachadh ar frèam-riaghlaidh.


Tha sinn air cur romhainn dòighean-riaghlaidh a chur an sàs a chuidicheas le èifeachdas agus innleachdas, agus sinn a’ dèanamh cinnteach gum bi gnìomhachas uisge na h-Alba air stèidh

sheasmhach san ùine fhada. 'S e a tha aig cridhe ar n-obrach: an t-amas gum faigh luchd-cleachdaidh buannachdan follaiseach – agus nì sinn cinnteach gum bi seirbheisean buadhmhor, fìor mhath ann a bheir làn-luach an airgid do mhuinntir na h-Alba airson iomadh bliadhna. Mu dheireadh, bu mhath leam taing a thoirt dhan luchd-obrach airson an cuid dìchill, taice is proifeiseantachd air feadh na bliadhna. Tha an dealas a nochd iad nan obair air a bhith fìor chudromach dhan phrògram leasachaidh aig WICS agus do mar a tha sinn air soirbheachadh le bhith a' coileanadh ar dleastanasan riaghlaidh.

Ronnie Hinds

Cathraiche Eadar-amail

Samhain 2025



WICS
Moray House
Forthside Way
Stirling
FK8 1QZ

T: 01786 430 200
E: enquiries@wics.scot

WICS Economic
regulation for
Scotland's water

